



## Gàidhlig | Gaelic

Tha àrainneachd Ghàidhlig làidir againn ann an Ceiltis is Gàidhlig. Tha an togalach againn (3 Gàrraidhean an Oilthigh) na àite dà-chànanach far a bheil a' mhòr-chuid den luchd-obrach a' cleachdadh Gàidhlig mar phrìomh chànan-obrach. Bidh iad an-còmhnaidh deònach Gàidhlig a bhruidhinn riut.

A bharrachd air na cùrsaichean againn, tha **UoG Gàidhlig** na iomairt tarsainn an Oilthigh air fad a chuireas gu mòr ris an àrainneachd Ghàidhlig seo. Tha e a' toirt cothrom do dh'oileanaich dol an sàs ann an iomadh tachartas Gàidhlig taobh a-muigh chlasaichean.

We have a strongly Gaelic environment in Celtic and Gaelic. Our building (3 University Gardens) is a bilingual space, with most staff using the language as their main working language and always happy to speak Gaelic to you.

In addition, the **UoG Gàidhlig** campus-wide initiative coordinated by the University's Gaelic officer Fiona Dunn, enhances students' and staff's Gaelic experience, offering many opportunities for Gaelic social activity outside class.

**Tha sinn a' tairgse trì cùrsaichean eadar-dhealaichte aig ìre 1.**

**We offer three separate Gaelic courses at Level 1.**

### Gaelic 1 (Beginners)

*For students with no knowledge of Gaelic or who have only studied it at elementary level.*

Semester 1 focuses on core **grammar** and key **vocabulary**, with repeated **practice** through games, online exercises, and conversation in small groups.

In Semester 2, along with grammar and oral practice, a wider range of **reading** is introduced.

In Semester 2, also, all Level 1 Gaelic students attend one lecture a week on the Gaelic world from earliest times to the present day: 'Saoghal nan Gàidheal: Gaelic Society and Culture through the ages'.



**'as happy as a shoe'**  
(happy as Larry)

**Classes:** 4 hours then 5 hours per week.

**Assessment:** regular language exercises; 3 written tests, 1 oral test; a final written exam and a final oral exam.


## Gaelic 1 (Intermediate | Eadar-Mheadhanach)

*For students with good Gaelic language skills, e.g. a Scottish Higher Gaelic (Learners)*

In each semester you develop your language skills in **Sgilean Cànan** classes, reinforcing vocabulary, grammatical constructions, and idioms, and developing your oral language skills through small group discussion and presentations.

Language skills are reinforced in Semester 1 by reading contemporary **fiction**, e.g. the mystery novel *An Creanaiche* (The Fall Guy) by Màiri NicEachairne & Ruairidh MacIlleathain; and in Semester 2 by studying a range of 20th century/contemporary **poems and songs** on major themes.

In Semester 2, also, all Level 1 Gaelic students attend one lecture a week on the Gaelic world from earliest times to the present day: 'Saoghal nan Gàidheal: Gaelic Society and Culture through the ages'.



**Classes:** 4 hours then 5 hours per week.

**Assessment:** Fortnightly language exercises; 1 book review and 1 essay in Gaelic; 1 written test; a final written exam and a final oral exam.

**Teaching method:** bilingual, increasingly in Gaelic as the year goes on. Bidh sinn a' dol eadar Beurla agus Gàidhlig, ach le barrachd is barrachd Gàidhlig tron bhliadhna.

## Gàidhlig 1 (Adhartach)

*Do dh'oileanaich a tha fileanta sa Ghàidhlig (m.e. aig a bheil Gàidhlig @ Àrd-Ìre).*

*Tha obair a' chùrsa seo tro mheadhan na Gàidhlig.*

Bidh clasaichean **Sgilean Cànan** gach seachdain a' leasachadh do sgilean sgrìobhaidh (gràmar, facail ùra, gnàthsan-cainnt) agus do sgilean labhairt tro dheasbadan agus taisbeanaidhean).

Ann an clasaichean **litreachais** bidh thu a' sgrùdadh:

- dràma, nobhailean no sgeulachdan goirid bhon 20mh linn 's bhon latha an-diugh (m.e. Catriona Lexy Chaimbeul, Aonghas Pàdraig Caimbeul).
- òrain Ghàidhlig air cuspairean sònraichte bho linn nan Seumasach (1700an) chun an 20mh linn.



Ann an Semeastair 2 bidh aon òraid Bheurla gach seachdain mun chultar Ghàidhealach tro na linntean ('Saoghal nan Gàidheal: Gaelic Society & Culture through the ages').

**Clasaichean:** 4 agus an uair sin 5 gach seachdain.

**Obair measaidh:** obair cànan (gach coladeug), 2 aiste litreachais, 1 deuchainn-clas, 1 deuchainn sgrìobhte agus 1 deuchainn-labhairt.